



## COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

Ro-innleachd Chorporra 2020-2022: Buadhachadh agus Ath-nuadhachadh

### Ro-ràdh

Fàilte gu ath-nuadhachadh Ro-innleachd Chorporra Comhairle nan Eilean Siar, a mhìniceas prògram amasan agus gnìomhan ro-innleachdail na Comhairle a bhios a' ruith gu deireadh na teirm-taghaidh seo. Tha an co-theacsa anns am bi a' Chomhairle a' libhrigeadh a seirbheisean agus a' cur taic ris a coimhearsnachdan air atharrachadh gu mòr bhon a chaidh an Ro-innleachd Chorporra bho dheireadh fhoillseachadh ann an 2017. Tha e an ìre mhath cinnteach gun toir galar mòr-sgaoilte COVID-19 ann an 2020 buaidh mhaireannach air ar coimhearsnachdan agus eaconamaidh ionadail, a' sealltainn gum bi mòr-thachartasan na cruinne a' toirt buaidh air na h-Eileanan Siar, ach cuideachd a' daingneachadh gu bheil ar coimhearsnachdan, gnothachasan agus buidhnean sùbailte, ùr-ghnàthach agus co-obrachail. Tha a' Chomhairle air dèiligeadh gu luath ris an t-suidheachadh èiginneach seo, tro bhith a' cur dòighean obrach ùra ann an àite, le cudrom às ùr air obair compàirteachaidh èifeachdach.

'S e amas ar Ro-innleachd Chorporra 2020-2022 gum bi a' Chomhairle nas sùbailte ann a bhith a' coileanadh amasan ar sluagh 's ar coimhearsnachdan, leis gu bheil beatha sluagh nan Eilean Siar air atharrachadh a-nis gu "beatha àbhaisteach ùr" air sgàth COVID-19, le bhith a' togail air ar prògram Cruth-atharrachaidh agus Atharrachaidh.

Mar a bhios sinn a' gluasad air adhart bho Shùbailteachd gu Buadhachadh agus Ath-nuadhachadh, tha sinn a' sùileachadh gum faodadh cothroman a nochdadh, a' gabhail a-steach in-imriche de shluagh bho àitean eile air sgàth 's gu bheilear a' faicinn nan Eilean mar àite far a bheil cunnart COVID-19 nas ìsle, glan, tarraingeach an dà chuid do ghnòthachasan agus daoine fa leth; gum bi barrachd sùim de shèine-sholair ionadail ann, gu h-àraid a thaobh biadh; gun tig barrachd luchd-tadhail gu na h-Eileanan an àite a bhith a' dol thall thairis air saor-làithean; agus gur e am modail a thèid a chleachdadh nas trice gun tèid seirbheisean slàinte agus sòisealta a ghluasad bhon mheadhan. Bithear a-nis a' faicinn comas ceangail didseataich mar phàirt riatanach den eaconamaidh ùr, far an gluais obair gnìomhachais agus dòighean obrach ùra gu meadhanan didseatach air an stèidheachadh a-mach bhon mheadhan, agus thig cothroman fàis cruth-atharrachail ceangailte ris ar stòras Lùth Ath-nuadhachail air leth.

Ged nach eil ar prìomh ro-innleachdan corporra air atharrachadh gu bunaiteach, tha e follaiseach a dh' aindeoin sin gu bheil COVID-19 air buaidh a thoirt air ar prìomhachasan, gun a bhith a' dol nan àite. A' gluasad air adhart, tha ar prìomhachasan fhathast a' cur cudrom air planadh ionmhasail agus luchd-obrach èifeachdach, ath-dhealbhadh de sheirbheisean, Ath-leasachadh na Roinne Poblach agus ag amas air Com-pàirteachasan Eileanan Singilte, Fèin-chumhachd agus Riaghladh Choimhearsnachdan, Achd nan Eilean, Cunradh Fàis nan Eilean, Lùths agus Atharrachadh na Gnàth-shìde, agus Calpa agus Bun-structar. Feumar beachdachadh air na structaran riatanach gus dèanamh cinnteach gun tèid na ro-innleachdan a libhrigeadh gu h-èifeachdach aig an ìre phoilitigeach agus aig ìre nan oifigearan. Taobh a-

staigh na Comhairle, thathar air Sgioba Buadhachadh Corporra agus Sgioba Planaidh Corporra a stèidheachadh gus buadhachadh a libhrigeadh. Bhon taobh a-muigh, mar phàirt de ro-innleachd ioma-bhuidheann, bidh a' Chomhairle a' stiùireadh Buidheann Co-òrdanachaidh Buadhachaidh, agus bidh a' Chomhairle agus Iomairt na Gàidhealtachd' s nan Eilean a' stiùireadh an Fhòraim Eaconamaich, le libhrigeadh bhon mheadhain tro na buidhnean sgìreil a tha ann.

Mar phàirt den Bhuadhachadh, thathar a moladh gun deidheadh clachan-mìle an sònrachadh agus an aontachadh, agus thig iad seo gu bith ann an geàrr, meadhan agus fad ùine. Bu chòir agus bidh a' choimhearsnachd an sàs ann a bhith a' measadh na h-ìrean sin. Tha clachan-mhìle nan dòigh air adhartas a mheasadh agus taiceil ann a bhith a' co-dhùnadh amannan far am faod gnìomhan buadhachaidh an lùghdachadh. Ged nach eil an liosta a leanas coileanta, bhiodh cuid dhiubh seo iomchaidh:

- tillidh iarrtasan air seirbheisean poblach (slàinte nam measg) gu ìrean àbhaisteach;
- goireasan a bhith aig an làn chomas;
- sgoiltean a bhith aig an làn chomas;
- bun-structar comhdhail a' ruith gu cunbhalach;
- gnothachasan ionadail aig ìrean malairt àbhaisteach;
- turasachd anns na sgìrean air ath-stèidheachadh;
- an roinn phoballach ag obair còmhla agus compàirtichean air an neartachadh; agus
- a' Chomhairle ag obair gu dlùth le Riaghaltasan Alba agus an Rìoghachd Aonaichte.

***`S e ar n-amas airson an Ro-innleachd Chorporra seo a bhith a' neartachadh ar coimhearsnachdan agus eaconamaidh nan Eilean Siar tro chompàirteachas agus ath-leasachadh, a' cumail taic ri buadhachadh làidir agus in-ghabhail shòisealachd a' toirt ri chèile coimhearsnachdan le fèin-chumhachd làidir, stèidhichte air eaconamaidh uaine far a bheil prìomhachas ga thoirt do cheangalan didseatach agus ùr-ghnàthachadh.***

***Comh Roddie MacAoidh  
Ceannard na Comhairle***

***Mgr Malcolm Burr  
Àrd-oifigear***

### **Suidheachadh Sòisealachd agus Eaconamach**

Feumaidh ar Ro-innleachd Chorporra a bhith mar shamhla air an àrainneachd anns a bheil a' Chomhairle ag obair, agus bidh cumadh an t-slighe a thèid a ghabhail a rèir nan dùbhlann agus cothroman a thig an cois an àrainneachd sin.

Ro àm COVID-19, bha beàrn shoilleir eadar eaconamaidh nan Eilean Siar agus an còrr de dh'Alba. Ged a tha ìrean fastachd nas àirde anns na h-eileanan an Iar na cumantas na h-Alba, tha ìrean pàigheadh gu math nas ìsle.

Thug galair Covid-19 buaidh mhòr air na h-Eileanan an Iar. Bidh buaidh a' ghlaisidh agus ceumannan astar shòisealta ri fhaireachdainn san eaconamaidh ionadail airson deagh ghreis. Tha a' bhuidheachd air na h-eileanan dùbhlach air leth air sgàth nàdar eaconamaidh nan eilean, le bith-beò mòran dhaoine an urra ri turasachd agus na gnìomhachasan seirbheis, a' gabhail a-steach ullachadh biadh is deoch, àrachas èisg, agus iasgach, far a bheil a chuid as motha ag obair air a ceann fhèin no ann an gnìomhachasan beaga.

Dh'fhaodadh cuideachd gu bheil buaidh shòisealta agus eaconamach a' ghalair air a bhith nas truime air earrannan den choimhearsnachd, leithid an fheadhainn a tha ag obair air an ceann fhèin daoin' òga, boireannaich, pàrantan nan aonar agus an fheadhainn ann obraichean le cosnadh ìosal.

Ach, mar a chaidh ainmeachadh roimhe, tha an galair cuideachd air cothroman ionadail a shònrachadh timcheall air ionadalachd, iomadachd ghnòthachasan, ùr-ghnàthachadh agus obair didseatach, air am bu chòir leudachadh aig ìre buadhachaidh. Bidh dleastanas sònraichte aig am Fòram Eaconamach agus na buidhnean sgìreil ann a bhith a' toirt na cothroman sin gu buil.

A rèir na chaidh fhoghlaim, tha an galair air nochdadh an ìre sùbailteachd a th'aig ar coimhearsnachdan agus comas na Comhairle, buidhnean poblach agus buidhnean coimhearsnachd obrachadh còmhla gu taic a chumail ri pearsaichean fa leth, gu sònraichte iadsan a tha eu-cothromach, tron àm a' ghalair. Ach, dhearbhadh e uair eile cho mòr sa tha an stèidh eaconamach an eisimeil àireamh beag de roinnean, agus an ìre gu bheil an eisimeil ceangalan comhdhail ri tìr-mòr airson biadh is deoch, agus airson cothrom gu na margaidhean.

Tha an galair cuideachd air dearbhadh comas coimhearsnachdan agus gnòthachasan ionadail a bhith subailte agus ùr-ghnàthach, eadar buidhnean coimhearsnachd gu a' tighinn ri chèile gu taic a chumail ri luchd ana-cothromach, no gnòthachasan a' cur an sàs slighean didseatach airson bathar fhaighinn gu margaidhean.

Tha na h-eileanan fortanach le gu bheil an eaconamaidh ionadail fhathast an eisimeil an roinn phoblach suas g 50%, a th' air a bhith air leth cudromach ann a bhith a' dèiligeadh ri cuid de bhuidheachan millteach a' ghalair, agus a bhios sònraichte aig ìre buadhachaidh.

## **Sluagh**

Annas Ro-innleachd Chorpóra agus am Plana Leasachaidh Builean Ionadail 2017-21 thugadh fa-near lùghdachadh san àireamh sluaigh agus an sluagh a th'ann a' fàs nas sine, agus tha dùil gu lean am pàtran sin<sup>1</sup>. Tha àireamhan bho 2018 a tuairmse lùghdachadh de 6.1% ann an àireamh sluaigh nan Eilean Siar anns na 10 bliadhna bho 2018 gu 2028. 'S e seo aon de na lùghdachadh as motha an Alba. Bidh fòcas an lùghdachaidh seo air a' ghinealach as òige (tha dùil ri lùghdachadh de 13% ann am buidheann aois 0-15) agus sluagh aig aois obraich (lùghdachadh de 6%), mar sin, tha sinn a' sùileachadh gu lean am fiaradh san t-sluagh. Mar thoradh air a' ghalair dh'fhaodadh cothroman a bhith ann tuilleadh sluaigh a thàladh, agus le taic iomchaidh comhdhail agus ceangalan didseatach, is gnòthachasan is daoine a meas na h-eileanan mar àite glan, tarraingeach, ìosal ann an cunnart

---

<sup>1</sup> Clàran Nàiseanta na h-Alba foillsichte air an 24 March 2020 stèidhichte air tuairmsean sluaigh ann an 2018.

## **Brexit**

San Fhaoilleach 2020 dh'fhàg an Rìoghachd Aonaichte an Aonadh Eòrpach agus thatar a-nis ann an Ìre Atharrachaidh gu Dùbhlachd 2020. Bhiodh Brexit gun aonta coltach air tuilleadh call a dhèanamh air an eaconamaidh a tha mar tha a' fulang bho bhuaidh COVID-19. An dèidh Brexit, tha call maoin Togail agus Maoin Leasachadh Tuath an Aonaidh Eòrpaich na uallach mòr air ùghdarrasan ionadail. Ann an co-chomhairleachadh le Riaghaltas na h-Alba agus ar compàirtichean bidh a' Chomhairle a' coiteachaidh airson soilleireachadh air cumadh poileasaidh roinneil agus maoineachadh san àm ri teachd. Airson iad seo a bhith èifeachdach feumaidh iad feart a thoirt air na dùbhlain sònraichte a th' aig sgìrean air an iomall ann an dàimh ri àite, sluagh agus an eaconamaidh. Gu ruige seo, tha maoin Eòrpach air taic a chumail ri gnothachasan, bun-structair, goireasan agus comhdhail, chur iad ri stèidheachadh Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, agus fhuair eadh buannachd coimhearsnachd tro phrògraman trèanaidh agus in-ghabhail shòisealta. Anns na bliadhnan mu dheireadh, bha barrachd chùmhachd an cois maoineachadh Eòrpach agus tha cothrom ann a-nis le tuilleadh sùbailteachd, dèanamh cinnteach gu bheil leasachadh eaconamach ionadail is roinneil, ath-bheothachadh agus cothrom co-fharpaiseil aig meadhan amasan na Maoin. Tha e cuideachd èiseil nach bi buidseat bhliadhnail Maoin Co-shaidhbhreas an Rìoghachd Aonaichte càil nas lugha na sruthan maoineachaidh a bh' ann roimhe.

## **Ionmhas**

Ro àm Bhrexit agus Covid-19, bha a' Chomhairle ag obrachadh ann an àm teann eacanomaigeach agus cuingealachdan maoineachaidh san roinn phoblach. Bho thòisich sgaoileadh Covid, tha Riaghaltas na h-Alba air taic ionmhais a thoirt do dh'ùghdarrasan ionadail le taic gnothachais, solar bidh agus obraichean a ghlèidheadh tro sgeama fòrlaidh. Mura tig maoineachadh eile bhon Riaghaltas, bidh cuideam air buidseatan agus stòrasan na Comhairle.

Dh'fhaodadh gum bi cuideaman a bharrachd ann ma bhios ìsleachadh ann am maoineachadh on taobh a-muigh air sgàth Brexit agus ath-thaobhadh ann an maoineachadh bhon Riaghaltas às dèidh Covid-19. Tha e air leth cudromach gum bi Prògram Ath-dhealbhaidh Seirbheisean na Comhairle air a' leudachadh air feadh seirbheisean na Comhairle airson an sàbhaladh riatanach a libhrigeadh. Cumaidh ath-dhealbhaidh seirbheisean na Comhairle a' dol ann an co-theacsa com-pàirteachais, a' coimhead ri dòighean ùra seirbheisean a libhrigeadh ann an co-obrachadh ri buidhnean eile, gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

## **Cùmhnan nan Eilean (Alba) 2018**

Seallaidh toirt gu buill Plana Nàiseanta nan Eilean an slighe air adhart airson frèam-obrach air mar a' libhrigeas Riaghaltas na h-Alba, agus coimhearsnachdan eileanach, amasan agus miannan coimhearsnachdan eileanan taobh a-staigh Plana Nàiseanta nan Eilean. Còmhla ri leasachadh Measaidhean Buile Coimhearsnachdan Eileanach (ICIAs), tha e air leth cudromach gun dèan a' Chomhairle cinnteach gum faigh iad na builean as fhèarr airson nan Eilean Siar.

## **Cuspairean Ro-innleachdail**

Thèid libhrigeadh air an Ro-innleachd Chorpóra, ann an co-theacsa a' bhuidheachadh eaconamach fo thrì chuspairean ro-innleachdail: themes: Seirbheisean Coimhearsnachd agus Poblach; An Eaconamaidh; agus Lùths agus Atharrachadh sa Ghnàth-thìde.

## Cuspairean Ro-innleachdail

Thèid ar Ro-innleachd Chorporra, taobh a-staigh co-theacsa buadhachadh eacanomaigeach; a' libhrigeadh fo trì cuspairean ro-innleachdail: Seirbheisean Coimhearsnachd agus Poblach; Eaconamaidh; agus Lùths agus Atharrachadh Gnàth-shìde.

### CUSPAIR RO-INNLEACHDAIL 1 – SEIRBHEISEAN COIMHEARSNACHD AGUS POBLACH

Thathar ag amas seilbh choimhearsnachd, fèin chumhachd agus neart a bhrosnachadh agus buannachd fhaighinn bho ar so-mhàoin chultarail agus nàdarra, airson piseach a thoirt air an àireamh-shluaigh agus cothromachadh gnè.

#### BUILEAN:

- **coimhearsnachdan fèin chumhachdach a' meudachadh luach an goireasan cultarail, daonna agus nàdarra, agus fèin chumhachdach gus taic ath-bheothachadh eacanomaigeach agus sòisealta**
- **modal suidhichte air riaghlachas ionadail fèin chumhachdach agus seirbheisean poblach a libhrigeadh, le meudachadh air dligheach is cunntalachd deamocrataigeach**
- **coimhearsnachd beòthail, fallain, làidir agus ceangailte le cothromachadh deamografaiche;**
- **ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, Com-pàirtichean Dealbhadh Coimhearsnachd, an treas roinn, coimhearsnachd gnothachais agus na coimhearsnachdan iad fhèin, leasachadh air dòigh-obrach seirbheis iomlan gu bhith a' planadh, maoinachadh agus a' libhrigeadh seirbheisean poblach, a' leantainn gu taisbeanadh Com-pàirteachas Eileanach; agus**
- **In-ionmhais calpa ann an so-mhàoin agus bun-structair a tha a' toirt feart air feumalachdan ar coimhearsnachdan agus a' tàladh maoinachadh à àitichean eile.**

#### Prìomhachas 1.1: Riaghlachas agus Fèin chumhachd Coimhearsnachdan

- Leudachadh a dhèanamh air obair a tha an sàs mur tha air fòraman agus planaichean àite, gus taic a chumail ri Planaichean Àite Ionadail
- Meudachadh gluasad luchd-obrach na Comhairle gu tachartasan agus taic suidhichte air àite, cuideachadh a thoirt do choimhearsnachdan maoinachadh fhaighinn, agus seirbheisean a chur air dòigh agus an libhrigeadh.
- A' cuir cuideam air cùisean ionadail le bhith a' toirt prìomhachas agus taic gu leasachadh ceangalan solar ionadail, sgilean agus gnothachasan taobh a-staigh frèam-obrach a tha a' coinneachadh inbhean laghail, co-ionannachd agus riaghlachas.
- Piseach a thoirt air tiomnadh chumhachdan rianachd Oighreachd a' Chrùin agus na h-uallaichean aig Roinnean Mara.

## **Prìomhachas 1.2: Buileachadh Cùmhnant nan Eilean (Alba) 2018**

- A' dearbhadh gum bi dleastanas sònraichte aig a' Comhairle tro bhuidheann Ro-innleachdail nan Eilean agus buidheann Com-pàirteachas nan Eilean, ann a bhith a' toirt air adhart Slighe Buileachaidh Plana Nàiseanta nan Eilean agus leasachadh agus buileachadh Measaidhean Buaidh Coimhearsnachd nan Eilean.

## **Prìomhachas 1.3: Ath-leasachadh Roinn Phoblaich/Com-pàirteachas Eileanach**

- A' cumail le ath-sgrùdadh agus a' toirt air adhart beachd Com-pàirteachas Eileanach mar fhreagairt air na cùisean a tha a' toirt buaidh air buidhnean ionmhas san roinn phoblach sna h-Eileanan Siar, ann an daimh ris na tha Riaghaltas na h-Alba a sùileachadh agus ri Ath-sgrùdadh Riaghlachas Ionadail.
- Leudachadh air an com-pàirteachas èifeachdachd a thaobh galair COVID-19, airson brosnachadh agus taic a thoirt do Chompàirteachas Plana Coimhearsnachd Innse Gall agus Com-pàirtichean Reachdail eile, agus leasachadh cho-aonta a thaobh ath-leasachadh a' Roinn Phoblaich.
- Rannsaich cothroman ùra airson co-libhrigeadh sheirbheisean slàinte agus cùram shòisealta agus co-obrachadh airson seirbheisean eile a libhrigeadh, a' leudachadh air co-obrachadh eadar a' Chomhairle agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean ann a bhith a' libhrigeadh builean eacanomaigeach.
- Sàbhalaidhean a dhèanamh thairis air beatha Ath-dhealbhadh Sheirbheisean, a' thoirt fa-near na sàbhalaidhean timcheall air £4m a tha feumach am-bliadhna, a dh'fheumas a coileanadh ro 1 Giblean 2021.
- Leasachadh Ro-innleachd Luchd-obrach na Comhairle, a' freagairt air COVID-19 agus dòighean obrach ùr, a' leasachadh astar freagairtean chun taobh a-muigh, le beachdan bho bhuill.

## **Prìomhachas 1.4: So-mhaoin agus Bun-structar**

- Ag obair le Riaghaltas na h-Alba airson pròiseactan chalpa ionadail a libhrigeadh a tha mar fhianais air modhan as fhèarr agus aig a bheil coimeas a bhith a chur an sàs gu nàiseanta, agus am maoineachadh a tha riatanach fhaighinn.

## **Prìomhachas 1.5: Gàidhlig agus Cultar**

- Plana Gàidhlig na Comhairle a thoirt gu buil, a' neartachadh foghlaim, coimhearsnachd agus buaidh eaconamach.
- A' cumail taic ris na h-Eileanan Siar mar dhachaigh na Gàidhlig agus cultar nan Gàidheal.
- A' dèanamh cinnteach gum faigh na h-Eileanan Siar aithneachadh agus taic bho bhuidhnean nàiseanta, le taic a thaobh na Gàidhlig, tron chànan agus dhan an eaconamaidh.

## **Prìomhachas 1.6: Poileasaidh Còmhhdail**

- Thoir a-steach Ro-innleachd Còmhdhail Ionadail ùr gus taic a chumail ri ceangalan còmhdhail eadar eilean agus tìr-mòr, aig àrd inbhe a tha so-ruigsinneach, seasmhach, a tighinn fo phrionnsabalan lùghdachadh charbon agus in-ghabhail shòisealta.
- A' cumail conaltradh leantainneach ri Riaghaltas na h-Alba agus prìomh luchd-ùidhe còmhdhail airson goireasan aithneachadh agus ùidhean prìomhachasan ionadail a leudachadh.

### **Prìomhachas 1.7: Taigheadas**

- Ro-innleachd Taigheadas Ionadail nan Eilean Siar agus Plana Ro-innleachdail In-ionmhais Taigheadais a' libhrigeadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an aon chothrom aig duine sna h-Eileanan Siar ri taigheadas a th' aig àrd-ìre, reusanta is lùth-èifeachdach.
- Taic a' thoirt gus ùr-gnàthachas a chruthachadh ann an dealbhachadh taigheadais agus gnìomhachas togail taighean ionadail, seilbh agus modalan ionmhasachadh a bheireas buaidh air tadhail agus glèidheadh sluaigh, gu h-àraid air an iomaill.

## **CUSPAIR RO-INNLEACHDAIL 2 – EACONOMACHD**

Tha sinn ag amas a h-uile cothroman an eaconamachd a leudachadh a ghabhail, le bhith a' coimhead gu sònraichte ri ceangalan didseatach, roinn fàis le luach àrd agus obair com-pàirteachais, gus eadar-dhealachaidhean eaconamachd a lùghdachadh eadar na h-Eileanan agus an còrr de dh'Alba. Thèid taic a thoirt gu iomadachadh gnothachasan ionadail, neart agus solar ionadail, a' toirt prìomhachas dha ionadaileachd taobh a-staigh an eaconamachd gus seasamh nas fhèarr ri buillean san àm ri teachd.

- **BUILEAN:**
- **Bidh cothrom bun-structar didseatach nas luaithe a bhith nar dachaighean agus nar gnothachasan;**
- **Bidh ar gnothachasan ùr-gnàthach, làidir, agus gum bi barrachd dhuibh ann;**
- **Bidh cothrom aig a h-uile neach air cothroman eaconamachd eadar-dhealaichte agus gu àrd-ìre**

### **Prìomhachas 2.1: Cùmhnant Fàis nan Eilean**

- A' leantainn bho naidheachd Cùmhnant Fàis nan Eilean, feumaidh an obair crìochnachadh ro deireadh 2020 no tràth 2021 air sgàth na Prìomh-rannan Cumhaichean, gus adhartas a dhèanamh air pròiseactan eile.
- Tro Chùmhnant Fàis nan Eilean, adhartas a thoirt air cothroman eaconamachd a thaobh lùths, turasachd, gnìomhachasan cruthachail, gnìomhachasan fànais agus bun-ghnìomhachasan agus an leasachadh.
- Cleachd dleastanasan Cùmhnant nan Eilean airson maoinachadh a bharrachd a thàladh a-steach, com-pàirteachasan ùr a leasachadh leis a' phobaill, agus leis an

roinn phrìobhaideach agus acadaimigeach airson buannachd sòiseo-eacanomaigeach nan eilean.

- Obair ann an com-pàirteachas le Comhairlichean Arcaibh agus Sealtainn, Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus Iomairtean na Gàidhealtachd is nan Eilean, airson prògram Tàladh Sgìlean agus Tàlant a libhrigeadh mar phàirt de Cùmhnant nan Eilean.

## **Priority 2.2: Brexit**

### **Prìomhachas 2.2: Brexit**

- Obair còmhla ri com-pàirtichean roinneil agus riaghaltasan airson Poileasaidh Roinneil a leasachadh, a tha freagarrach airson a' Chost an Iar, a tha a' freagairt air cothroman agus dùbhlanan a tha sònraichte ris an àite, lughdachadh cùisean cruinn-eòlasach agus farpaiseach roinneil adhartachadh.
- Thèid focus sònraichte air lùghdachadh droch bhuaidhean Bhrexit air seasmhachd coimhearsnachd, gu h-àraid mu thimcheall croitearachd, iasgachd, coilltearachd agus taic àiteachais.
- Gealltainn ri molaidhean Ro-innleachd Conaltradh Eadar-Nàiseanta Riaghaltas Ionadail na h-Alba 2020-2030.

### **Prìomhachas 2.3: Maoineachadh bhon taobh a-muigh**

- Deasbad airson gun lean feadhainn de Phrògraman Eadar-Nàiseanta Eòrpach às dèidh Brexit.
- Leudaich air am maoineachadh a tha a' tighinn a-steach gu na h-Eileanan bho Mhàoin Beairteas Co-roinnte Bhreatainn, Ro-innleachd Gnìomhachais Bhreatainn, maoineachadh bhon Roinn Eòrpa a tha a' leantainn, Riaghaltas na h-Alba agus struthan maoineachaidh sam bith eile.
- Feuch ri buaidh a thoirt air struthan maoineachaidh bho Riaghaltas na h-Alba le bhith a' cumail dàimhean làidir ris an Riaghaltas, ag obair còmhla ri Sgioba nan Eilean.

## **Priority 2.4: Dì-mheadhanachadh**

- A thaobh Cùmhnant nan Eilean, obair le Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean nàiseanta mar Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, CalMac, Bòrd na Gàidhlig, airson adhartas a dhèanamh a thaobh dì-mheadhanachadh, ionadaileachd agus a bhith freagairt air coimhearsnachdan eileanach, le fianais a thaobh cothroman obrach, agus sùbailteachd ann am poileasaidhean nàiseanta agus fiosgail.

## **Priority 2.5: Eaconamachd Didseatach**

- Taic a chur ri bun-structar didseatach nas luaithe chun a h-uile taigh agus gnothachas ro 2022.
- Coimhead ri 'Gigabyte Fibre' a' stèidheachadh an dèidh program R100.



- Taic a thoirt dha gnothachasan bun-structar didseatach a chleachdadh airson cothroman gnothachais ùra fhaighinn agus airgead a tharraing a-steach.
- Taic a thoirt gu cothroman didseatach a tharraing a-steach, a' coimhead gu h-àraid ri daoine aig a bheil buntanas ris na h-eileanan.

### **Priomhachas 2.6: Eaconamachd Turasachd**

- Cuir taic ri obair còmhla a thaobh turasachd agus roinn na turasachd an dèidh Covid-19, agus bun-structar turasachd a chruthachadh, gu h-àraid ann an co-theacsa Cinn-uidhe Soithichean Turasachd anns a' Phort Uisge Domhainn a th' anns an amharc ann an Steòrnabhagh.
- Neartaich suidheachadh nan Eilean mar phrìomh àite turasachd agus meudaich an luach eacanomaigeach a tha turasachd a cruthachadh, aig an aon àm a' dìon na h-àrainneachd agus dualchas sòisealta, cultarail agus arc-eòlas nan eilean a tha cudromach dha luchd-turais.
- Neartaich na ceangalan a tha eadar turasachd, dualchas, gnìomhachasan cruthachail agus roinnean biadh agus deoch gus toirt air luchd-turais barrachd airgid a chosg thairis air gach roinn sna h-Eileanan.

## **CUSPAIR RO-INNLEACHDAIL 3 – LÙTHS IS ATHARRACHADH A GHNÀTH-SHÌDE**

Thatar a' taisbeanadh ceannardas tro bhith a' lùghdachadh sileadh carbon anns na h-eileanan agus a' meudachadh buannachdan shòisealta-eaconamach bho stòras Lùths Ath-nuadhachail, aig an aon àm a' cleachdadh ar stòrasan ath-nuadhachail mu choinneimh na feumalachdan lùths a bhios buannachdail ann an strì an aghaidh Atharrachadh sa Ghnàth-shìde.

### **BUILEAN:**

- **tha ar n-eileanan air an t-slighe gu Net Zero a choileanadh ro 2035, deich bliadhna air thoiseach air an còrr de dh' Alba;**
- **tha ar n-eileanan a' faighinn buannachd eaconamach agus buannachd coimhearsnachd bho ar stòrasan lùths ath-nuadhachail; and**
- **tha ar n-eileanan fèin-fhoghainteach a thaobh feumalachdan lùths, agus sin a' toirt buaidh air cosgais lùths.**

### **Priomhachas 3.1: Gaoth Air-thìr**

- Taic a chumail ri libhrigeadh 500MW de Ghaoth Air-thìr malairteach agus 200MW de Ghaoth Air-thìr ann an seilbh a' Choimhearsnachd.
- Obrachadh le luchd-leasachaidh, an Sealbhadair Sgaoilidh roinneil, Roinn Gnothachais, Lùths & Ro-innleachd Gnìomhachais Riaghaltas an Aonaidh Eòrpach agus Riaghladair Lùths gu suidheachadh a stèidheachadh far am bi e comasach don phròiseact Ceangladair Sgaoilidh 600MW HVDC tòiseachadh tràth ann 2026.

### **Priomhachas 3.2: Gaoth Far-thìr**

- Taic a chur ri libhrigeadh 600MW de Ghaoth Far-thìr (ceangailte ris a' ghrunnd agus a' seòladh air uachdair).
- Dèanamh cinnteach gu bheil ceangal solar nan eilean aig an ìre as àirde mar a bhios Gaoth Far-thìr ga sgaoileadh a-mach.

- 

### **Prìomhachas 3.3: Eaconamaidh Lùths Ionadail**

- Obrachadh le buidhnean ùidhe gu innleachd a chur an gnìomh a cheadaicheadh dealan ionadail a libhrigeadh do luchd-cleachdaidh ionadail aig prìs reusanta, agus tuilleadh leasachaidh air “Lùths Innse Gall” mar an innleachd airson solar lùths ionadail.

### **Prìomhachas 3.4: Haidridean**

- Rannsachadh so-dhèantachd Haidridean Uaine aig Mòr-ionad Lùths Innse Gall (Airinis) airson cleachdadh air-eilean (teas agus comhdhail).
- Rannsachadh ann an compàirteachas le Lìonra Gas na h-Alba ath-chleachdadh air Lìonra Gas Baile Steòrnabhaigh gu iartas airson haidridein ionadail a bhrosnachadh.
- Conaltradh le luchd-leasachaidh eadar-nàiseanta gu cothroman fhaighinn air margaidhean Eòrpach airson as-mhalairt air Haidridein Innse Gall.
- Sònrachadh cothroman do Ghineadairean Coimhearsnachd cuir ri Eaconamaidh Haidridein Innse Gall, an dara cuid tro shaorachadh air-làraich airson cleachdadh ionadail, no tro sholair dealan uaine gu Electrolysers coitcheann.
- Obrachadh le Riaghaltas na h-Alba gu amasan na Comhairle a thaobh Haidridein a thoirt gu buil.
- Obrachadh le compàirtichean air comas Aiseag Haidridein a leasachadh.

### **Prìomhachas 3.5 Strì an Aghaidh Atharrachadh sa Ghnàth-shìde & Ullachadh**

- Lùghdachadh sileadh carbon na Comhairle, a' taisbeanadh ceannardas nar coimhearsnachdan tro bhith a' lùghdachadh sileadh carbon ann an toglaichean na Comhairle, a' lùghdachadh sileadh carbon ann an carbadan na Comhairle, agus a' brosnachadh atharrachadh ann am modh giùlain.
- Leasachadh agus Buileachadh freagairtean air Rianachd Sgudail ann a bhith a' lùghdachadh na tha de sgudail dèante, tro mheasadh èifeachdach air poileasaidhean feum stòrais agus solarachd nas uaine, a' brosnachadh eaconamaidhean ath-chuairteachaidh agus cuairteachaidh anns a' Chomhairle agus tron choimhearsnachd.
- Tro rannsachadh iomchaidh, tuigse agus measadh fhaighinn air buaidh agus cunnartan bho Atharrachadh sa Ghnàth-thìde agus rianachd iomchaidh cleachdadh talmhainn agus dìon bun-structair ann an sgìrean buailteach ri tuiltean mara no abhnaichean a' dol thairis.
- Rannsachadh cleachdadh talmhainn agus ath-sgrùdadh poileasaidhean Rianachd Leasachaidh gu cunnart a lùghdachadh.

- Tro ath-sgrùdadh agus rannsachadh leantainneach, sònrachadh tràth air bun-structair fo chunnart, a' gabhail a-steach rathaidean, cidheachan agus toglaichean gus an tèid ceumannan freagarrach a chur air dòigh.